



Scottish Labour

The Change Scotland Needs

alogist

Gaelic

spoker

Poileasaidh Gàidhlig



Ro-ràdh

Tha a' Ghàidhlig a' leantainn air adhart a' crìonadh mar chànan beò a dh'aindeoin iomadach gnìomh le deagh eadar-mheadhanachdan bhon riaghaltas thar dheicheadan. Ma leanas sinn air an t-slighe a th' ann an-dràsta bàsaichidh an cànan mar chànan làitheil sna coimhearsnachdan dùthchasach – aig a' char as motha – ann an deicheadan.

Is i a' Ghàidhlig an sgeul as follaisiche de sheann chultar na h-Alba air a bheil sinn uile nar luchd-gleidhidh. Ach, tha a bhith-beò ann an cunnart; tha rannsachadh a rinn luchd-foghlaim aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' nochdadh lùghdachadh mòr anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na 30 bliadhna a dh'fhalbh, gu sònraichte am measg dhaoine òga.

Fad bhliadhnaichean tha aonta poileataigeach dùinte air a bhith ann a thaobh suidheachadh èiginn na Gàidhlig. Tha glè bheag de shoirbheachas air a bhith aig a' mhodh-obrach stèidhichte air cultar gu ruige seo agus tha Làbaraich na h-Alba den bheachd gu bheil an t-àm ann airson sealladh ùr.

Tha crìonadh na Gàidhlig na dhuilgheadas eaconamach le builean cultarail. Tha Làbaraich na h-Alba den bheachd gum feum sinn an toiseach agus gu sònraichte eaconamaidh nan sgìrean Gàidhlig ath-bheothachadh gus dèanamh cinnteach gu mair a' Ghàidhlig beò dha na ginealaichean ri teachd.

Tha cultar na Gàidhlig – ceòl, litreachas, bàrdachd – a' cur gu mòr ri ar beatha nàiseanta agus is e sin, gu ìre, as coireach gu bheil feum aig a' chànan air a chumail suas. Tha an roinn chultarail cuideachd na prìomh fhastaiche ann an coimhearsnachd na Gàidhlig, le rèidio agus TBh a' cruthachadh grunn obraichean air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Ach, tha a' Ghàidhlig a' soirbheachadh nuair a thèid a toirt seachad gu h-orgànach, eadar ghinealaichean agus taobh a-staigh choimhearsnachdan agus tha seo a' cur feum air coimhearsnachd de luchd-labhairt na Gàidhlig a mhaireas beò ann an eaconamaidh shoirbheachail.

Tha Làbaraich na h-Alba a' diùltadh gabhail ris a' cho-aontachd a tha a' fàilligeadh. Tha sinn a' creidsinn gur e seo an t-àm airson fìor dheasbad mu mar a chì sinn a' Ghàidhlig a' fantainn beò agus a' soirbheachadh.

Tha ceangal dlùth aig àm ri teachd na Gàidhlig anns na daingnichean a tha air fhàgail aice ri cùisean nas fharsainge leithid taigheadas, cosnadh, ath-leasachadh fearainn agus còmh-dhail. Tha Làbaraich na h-Alba den bheachd gum feumar taic a thoirt dha na coimhearsnachdan sin mar phrìomhachas ma tha a' Ghàidhlig gu bhith beò airson nan ginealaichean ri teachd agus is e a bhith a' brosnachadh dhaoine òga gus am beatha a thogail air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan an rud a tha deatamach airson a' chànan a chumail beò. Far nach eil daoine, chan eil cànan ann. Sin as coireach gu bheil sinn air sreath de mholaidhean poileasaidh a leasachadh, a tha air am mìneachadh san sgrìobhainn seo, a tha ag amas air a bhith a' cumail suas nan obraichean matha, taigheadas aig prìs reusanta agus prìomh bhun-structair a bhrosnaicheas fàs sluaigh air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan.

An sgrìobhainn seo

Bidh na poileasaidhean air am mìneachadh mar bhunait airson deasbad nas fharsainge le coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba. Bheir seo fiosrachadh gu dìreach do dhòigh-obrach a' phàrtaidh a thaobh Bile nan Cànanan a tha ri thighinn ann am Pàrlamaid na h-Alba air a ghealltainn leis an riaghaltas làithreach sa Phrògram Riaghaltais aca. Cuiridh e cuideachd ri leasachadh manifesto Pàrtaidh Làbarach na RA airson Taghadh Coitcheann na RA agus bidh e na phrìomh phàirt de dhòigh-obrach fòram poileasaidh a' Phàrtaidh Làbaraich a thaobh leasachadh a' mhanifesto airson Taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba 2026.



1. Dachaidhean math dha coimhearsnachdan dùthchail



Tha gainnead thaighean freagarrach nar coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail na chnap-starra mòr dhaibhsan a bhiodh airson fuireach agus a bhith ag obair ann an coimhearsnachd Ghàidhlig.

Tha an stoc taigheadais a th' ann mar-thà a' fàs nas miosa leis a' chuibhreann a tha a' sìor fhàs de dhachaidhean gan ceannach airson an cleachdadh mar dhàrna dachaidhean no airson an leigeil air màl airson saor-làithean. Ann an 2022, bha 885 dàrna dachaidh ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar agus 631 dachaidhean falamh fad-ùine, agus air a' Ghàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid bha 6,765 dàrna dachaidh agus 4,393 dachaidh falamh san ùine fhada.

Tha bochdainn connaidh cuideachd nas àirde gu neo-chothromach ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, le stoc taigheadais nas sine nas neo-èifeachdaich agus nas duilghe a chumail blàth. Sheall an dàta as ùire gun robh ìre èifeachdas lùtha a-mhàin F no G aig 18% de stoc taigheadais Chomhairle nan Eilean Siar – an ìre as àirde aig ùghdarras ionadail sam bith ann an Alba.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh thaigheadas ri fhaighinn dhaibhsan a tha airson a bhith a' fuireach agus ag obair taobh a-staigh ar coimhearsnachdan Gàidhlig iomallach agus dùthchail bhiodh Làbaraich na h-Alba airson:

1. Dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan-còmhnaidh saor-làithean a' cur ris a' choimhearsnachd ionadail le bhith a' saoradh màl geàrr-ùine bhon sgeama faochadh reataichean neo-dachaidheil agus a' cruthachadh cosgais cis comhairle 100% air dàrna dachaidhean.
2. Taic a chur ri tilleadh dhachaidhean falamh gu margaidh an taigheadais tro àrdachadh cis comhairle agus sgeama dachaidhean £1 le cumhachdan don chomhairle àiteachan-còmhnaidh falamh ath-chleachdadh agus an reic airson dìreach £1 ri daoine a tha dealasach a bhith a' fuireach gu h-ionadail.
3. Cruthachadh taigheadas lùth-èifeachdach le Plana Dachaidhean Blàth nan Làbarach agus ar misean lùth glan a nì ùrachadh agus dìon air dachaidhean gus an ruig iad uile inbhe EPC C taobh a-staigh deich bliadhna.
4. Dèanamh sgrùdadh air na roghainnean airson sgeama tabhartais is iasadan Taigheadais Chroitèaran ath-leasachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan taigheadais sònraichte croitearachd a choileanadh.

2. Lìonra aiseig seasmhach, earbsach

Tha ceanglaichean còmh-dhail math deatamach do eaconamaidhean eileanach agus mar sin tha na brisidhean sìos, an dàil agus na chaidh a chuir dheth thar nam bliadhnaichean a chaidh seachad o chionn ghoirid a thaobh seirbheisean aiseig na h-Alba air a bhith uamhasach millteach. Chan e a-mhàin gu bheil gainnead seirbheis aiseig a' dèanamh gnìomhachas doirbh, a' cur bacadh air às-mhalairt agus a' lagachadh turasachd, tha e a' dì-mhisneachadh dhaoine bho bhith a' fuireach agus ag obair air na h-eileanan.

Tha Làbaraich na h-Alba den bheachd gu bheil togail lìonra aiseig seasmhach, earbsach air leth cudromach airson eaconamaidh soirbheachail ann an coimhearsnachdan eileanach. Sin as coireach gu bheil sinn ag iarraidh:

1. Maoin ath-neartachaidh do ghnìomhachasan ionadail air an tug èiginn nan aiseagan buaidh, air a mhaoineachadh leis na cisean a phàigh CalMac airson aiseagan a bha air an cur dheth.
2. Plana solarachaidh is togail aiseig ceart a bhios a' riaghailteachadh mion-chomharrachadh togail, a' ro-innse na h-obrach a dh'fheumar gus a dhol an àite cabhlach CalMac a tha a' fàs nas sine agus a bheir òrdughan agus cothroman ùra do ghnìomhachas togail shoithichean na h-Alba
3. Riaghladh ùr gus modail ùr a chur an àite modail CMAL a dh'fhàillig agus follaiseachd a leasachadh.



3. Luchd-obrach sgileil agus gnìomhachasan beaga soirbheachail



Ann an 2022, bha 10,675 gnìomhachasan beaga ann an Comhairle na Gàidhealtachd, agus 1,180 gnìomhachas beag ann an Comhairle nan Eilean Siar.

Ged a tha e soilleir gu bheil comas mòr eaconamach ann an coimhearsnachdan a tha a' toirt taic don Ghàidhlig, lorg sgrùdadh a rinn Caidreachas nan Gnìomhachasan Beaga nach robh, ann an 2022, ach 36% de ghnìomhachasan beaga dùthchail na h-Alba a bha an dùil na gnìomhachasan aca fhàs thairis air an ath 12 mìos, ag ainmeachadh bhacaidhean leithid fastadh luchd-obrach sgileil agus barrachd chosgaisean connaidh.

Tha Làbaraich na h-Alba airson dèanamh cinnteach nach bi gnìomhachasan ionadail a' cur aghaidh air bacaidhean neo-riatanach a thaobh fàs, agus gun urrainn dhaibh cur ri leasachadh nam bailtean ionadail aca. Sin as coireach gu bheil Làbaraich na h-Alba dealasach a thaobh a bhith:

1. Ag ath-leasachadh reataichean neo-dachaigheil gus an siostam a dhèanamh nas cothromaiche do ghnìomhachasan beaga agus dèanamh cinnteach gum pàigh fuamhairean air-loidhne an cuid chothromach.
2. A' dèanamh lèirmheas air cothrom air sgilean agus trèanadh do dhaoine de gach aois air a'

Ghàidhealtachd is na h-Eileanan, mar phàirt den fhreagairt nas fharsainge againn a thaobh ath-leasachadh sgilean agus solar trèanaidh.

3. A' beachdachadh air co-dhiù aon ionad trèanaidh gluasadach a thoirt a-steach air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan gus cothrom air trèanadh a leasachadh.
4. A' measadh nan ath-leasachaidhean a tha a dhìth air rianachd agus obair chroitreachd, mar aithne air a' bhuidhe a tha aig deagh phoileasaidh chroitreachd air taic a thoirt do luchd-labhairt Gàidhlig dùthchail agus nach deach mòran mholaidhean airson ath-leasachadh a chaidh a dhèanamh ron seo an cur an gnìomh.

Anns an ùine fhada tha fios againn gu bheil feum air barrachd gus luchd-obrach le Gàidhlig a thàladh gu coimhearsnachdan dùthchail agus gu dreuchdan prìomh luchd-obrach, a' gabhail a-steach tidsearan le Gàidhlig. Mar sin ni Làbaraich na h-Alba ath-sgrùdadh air mar a dh'fhaodadh teisteanasan Gàidhlig a bhith air an aithneachadh taobh a-staigh Cuibhreann nan Eilean Fad Às, a' gnìomhachadh bursaraidhean teagaisg a thaobh trusadh gu sgìrean eileanach agus dùthchail, a bharrachd air foghlam Gàidhlig a bhith ri fhaotainn dhaibhsan a tha a' fuireach sna coimhearsnachdan sin mar-thà.



4. Eadar-ghluasad cothromach le buannachdan lùtha coimhearsnachd



Tha mòran de chomas lùtha glan na h-Alba stèidhichte ann an sgìrean dùthchail, agus gu sònraichte anns na h-eileanan. Ach is iad sin cuideachd na raointean far a bheil prìsean lùtha agus ìrean de bhochdainn connaidh gu tric nas àirde, air sgàth droch stoc taigheadais agus cosgaisean cuairteachaidh.

Tha na h-Eileanan an Iar an-dràsta a' dèanamh 23.1MW ann an cumhachd air a chruthachadh leis a' choimhearsnachd agus thathar a' meas gu bheil co-dhiù 50MW a bharrachd de phròiseactan aig diofar ìrean leasachaidh. Chan e a-mhàin gu bheil na pròiseactan lùtha sin a' cruthachadh obraichean tèarainte agus sgileil, tha na prothaidean a thig bho chinneasachadh lùtha a' cuideachadh le bhith a' toirt taic do sheirbheisean is so-mhaoin coimhearsnachd.

Tha Làbaraich na h-Alba airson gluasad dìreach gu lùth glan a libhrigeadh, leis an fheadhainn a tha a' fuireach faisg air gineadh lùtha a' faighinn cothrom co-roinn nam buannachdan a thig às. Sin as coireach gum bi sinn:

1. A' stèidheachadh GB Energy, companaidh poblach a bhios a' gintinn cumhachd, le prìomh oifisean ann an Alba gus ionnsachadh bho eòlas agus ealantas an fheadhainn a tha mar-thà a' brosnachadh lùth coimhearsnachd, mar anns na h-Eileanan Siar agus coimhearsnachdan eileanach eile.
2. A' libhrigeadh buannachdan coimhearsnachd bho lùths ionadail leis a' Phlana Cumhachd Ionadail againn, ag obair ann an com-pàirteachas le GB Energy agus an roinn phrìobhaideach gus pròiseactan cumhachd glan a thogail anns na h-Eileanan agus air feadh na h-Alba, anns a bheil com-pàirt aig coimhearsnachdan ionadail anns na prothaidean a gheibhear.

5. Brosnachadh na Gàidhlig taobh a-staigh gnìomhachasan cruthachail na h-Alba

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an cultar na h-Alba – ann an ceòl, litreachas, telebhisean agus rèidio. Faodaidh buannachdan eaconamach cudromach a thighinn bho roinn chultarail a tha soirbheachail, ach airson sin a dhèanamh, feumaidh tasgadh agus taic cheart a bhith ann. **Sin as coireach gu bheil Làbaraich na h-Alba dealasach a thaobh a bhith:**

1. A' toirt taic don àite chudromach a th' aig BBC Alba ann a bhith a' cruthachadh obraichean ann an sgìrean dùthchail agus a' brosnachadh na Gàidhlig mar chànan beò.
2. A' leantainn leis na Fèisean mar phrìomh dhòigh libhrigidh gus ealain is cultar na Gàidhlig a thoirt air adhart eadar ghinealach.
3. A' leasachadh deuchainn ùr airson maoinachadh phròiseactan cultarail Gàidhlig fa-leth gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an toirt seachad air stèidh ro-innleachdail gus seasmhachd a thoirt do bhuidhnean agus an luchd-obrach, agus gus spionnadh is beothalachd na Gàidhlig a bhrosnachadh.



Na h-Ath Cheumannan



Tha fios aig Làbaraich na h-Alba nach eil anns na molaidhean seo ach toiseach-tòiseachaidh. Tha mòran ri dhèanamh gus cuideachadh le fàs eaconamaidhean choimhearsnachdan Gàidhlig agus feumaidh seo fuasglaidhean agus poileasaidhean a tha air an dealbhadh gu h-ionadail le fios bho na daoine sna raointean sin.

'S e sin as coireach gu bheil Làbaraich na h-Alba airson crìoch a chur air a' mheadhanachadh èalaidh a th' air tachairt fon riaghaltas làithreach. Gu tric tha poileasaidhean a tha stèidhichte gu nàiseanta neo-iomchaidh airson co-theacsan nas dùthchaile agus chan eil poileasaidhean a thèid a leasachadh airson sgìrean bailteil an-còmhnaidh a' coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Tha Làbaraich na h-Alba air planaichean fhoillseachadh gus cumhachd a phutadh a-mach à Westminster agus Holyrood agus deamocrasaidh ionadail ath-leasachadh gus am bi e freumhaichte ann an coimhearsnachdan agus a' freagairt air na feumalachdan aca. Chan ann an àite sam bith a tha seo nas cudromaiche na ann an sgìrean

dùthchail agus iomallach mar a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan far am feum daoine ionadail a bhith air an cumhachdachadh agus an sàs ann an co-dhùnidhean ionadail.

Mar Làbarach na h-Alba a' leasachadh ar modh-obrach airson a' Ghàidhlig adhartachadh tha sinn dealasach mu bhith ag obair ann an com-pàirteachas agus tha an sgrìobhainn seo a' comharrachadh bun-stèidh na deasbaid sin. Anns na mìosan a tha romhainn, bheir planaichean an riaghaltais airson ath-leasachadh fearainn, deasbadaid mu phoileasaidh àiteachais is chroitearachd, a bharrachd air Bile nan Cànanan a tha ri thighinn uile buaidh air eaconamaidhean agus àm ri teachd choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha Làbaraich na h-Alba diorrasach gun toir ar dòigh-obrach a thaobh nan cùisean sin uile guth don fheadhainn air a bheil iad a' toirt buaidh agus ag amas air eaconamaidhean ar coimhearsnachdan Gàidhealach is Eileanach fhàs san fhad-ùine.





Scottish Labour

The Change Scotland Needs